# Nòtaichean an Tidseir

**’S e goireas tar-churraicealam a tha seo a chuidicheas sgoilearan gu ionnsachadh mun a’ bhuaidh a th’ aig plastaig air an àrainneachd, air beathaichean agus air daoine air feadh an t-saoghail, carson a dh’fhàs e na thrioblaid mhòr, agus gu bheil pàirt aig gnìomhachasan, riaghaltasan, sgoiltean agus a’ mhòr-shluagh airson fuasgladh fhaighinn air a’ chùis.**

Ionnsachadh airson Seasmhachd
PLASTAIG

| Leasan | Eòlasan is buillean | Prìomh phuingean | Gnìomhan/Goireasan eile |
|---|---|---|---|
| **Plastaig – Stuth Iongantach?** | SCN 2-20a<br>SCN 2 -20b<br>SOC 2-08a<br>TCH 2-06a | Mar a tha sinn a’ cleachdadh plastaig nar beatha<br>Cho cumanta ’s a tha plastaig agus carson?<br>Mar a tha plastaig air a chleachdadh ann an diofar raointean<br>An e stuth iongantach a th’ ann am plastaig? - Na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan<br>San àm ri teachd, ciamar a bu chòir dhuinn a bhith a’ cleachdadh plastaig? | Duilleag-obrach – Dè chleachd thu an-diugh? |
| **Plastaig thar nam bliadhnaichean** | SOC 2-06a<br>SOC 2-08a<br>TCH 2-05a<br>TCH 2-02a | Ciamar a thàinig e gu bith? Sùil air an luchd-saidheans – dè chruthaich iad agus dè an trioblaid a bha iad a’ feuchainn ri fhuasgladh?<br>Mar a chaidh plastaig a chleachdadh thar nam bliadhnaichean<br>Saoil dè am beachd a bhiodh aig an luchd-saidheans a chruthaich na diofar sheòrsaichean plastaig air mar a tha sinn a’ cleachdadh plastaig an-diugh?<br>Saoil dè na h-innleachdan ùra a bhios daoine ag iarraidh san àm ri teachd? | Duilleag-rannsachaidh - Dèan rannsachadh air cuid den luchd-saidheans a bha an sàs ann a bhith a’ cruthachadh plastaig. |
| **Sanasachd** | HWB 2-37a<br>SOC 2-06a<br>TCH 2-05a<br>TCH 2-06a<br>LIT 2-08a<br>GAI 2-27a<br>EXA 2-03a<br>(EXA 2-14a) | Dè th’ ann an sanasachd?<br>Mar a tha companaidhean a’ glacadh ar n-aire agus a’ cur ìmpidh oirnn rud a cheannach no a dhèanamh<br>Dè a’ bhuaidh a th’ aig sanasan air na bhios daoine a’ ceannach?<br>Mar a thug sanasachd buaidh air mar a chleachd sinn plastaig<br>Mar a thàinig plastaig aona-cleachdadh gu bith<br>Mar a dh’atharraich sanasachd a thaobh plastaig thar nam bliadhnaichean | Tagh bathar a chuidicheas leis an trioblaid le plastaig agus dèan sanas air a shon.<br>Beachdaich air:<br>• Dè tha thu a’ rèic agus carson a tha e sònraichte?<br>• Cò air a tha thu ag amas?<br>• Ciamar a bhios tu a’ tarraing aire dhaoine?<br>• Càit am bi an sanas a’ dol? |

| Leasan | Eòlasan is buillean | Prìomh phuingean | Gnìomhan/Goireasan eile |
|---|---|---|---|
| **An Trioblaid le plastaig** | TCH 2-06a<br>SOC 2-08a<br>SOC 2-15a<br>SCN 2-20b | A' bhuaidh a th' aig plastaig air beathaichean agus an àrainneachd<br>Sùil air dàta – dè cho mòr 's a tha an trioblaid?<br>Dè na fuasglaidhean a th' aca mun trioblaid le plastaig?<br>Dè as urrainn dhaibh a dhèanamh mu thruailleadh plastaig<br>• aig an taigh aca?<br>• anns an sgoil aca?<br>• anns a' choimhearsnachd aca | Suirbhidh sgudail – Duilleag-obrach<br><br>Bàrdachd cros-dhàn – PowerPoint<br><br>Gnìomh seòrsachaidh – a bheil plastaig riatanach? – Duilleag-obrach<br><br>Loidhne-tìm sgudail – Duilleag-obrach |
| **An Trioblaid le plastaig – sgrìobhadh ìmpidheach** | GAI 2-27a<br>LIT 2-29a<br>LIT 2-22a<br>LIT 2-23a<br>LIT 2-26a | An dèidh suirbhidh sgudail, sgrìobh litir ìmpidheach gu cuideigin mu na toraidhean. Cò thuige an sgrìobh sibh?<br>Cò às a thàinig a' mhòr-chuid den sgudal? | PowerPoint – A' sgrìobhadh litir ìmpidheach<br>Brat-fhaclan – a' sgrìobhadh litir ìmpidheach<br>Eisimpleir de litir |
| **Dè ghabhas dèanamh mun trioblaid le plastaig?** | SCN 2-20b<br>SOC 2-15a<br>SOC 2-08a<br>TCH 2-06a | Molaidhean an WEF<br>Innleachdan ùra<br>Bith-phlastaigean<br>Dè an dòigh as fheàrr a th' ann air dèiligeadh ris an trioblaid le plastaig? Carson? | Deuchainn – dèan bith-phlastaig |

| Leasan | Eòlasan is buillean | Prìomh phuingean | Gnìomhan/Goireasan eile |
|---|---|---|---|
| **Ealain** | EXA 2-02a<br>EXA 2-03a<br>EXA 2-05a<br>EXA 2-07a | Mar a tha luchd-ealain a' tarraing aire dhaoine chun na trioblaid le plastaig<br>What Goes Around, Comes Around le Bonnie Monteleone – ag iomairt an aghaidh plastaig aona-chleachdadh<br>Bhidio | Beachdaich air a' chumhachd a th' aig na h-ealain air aire dhaoine a tharraing gu cùisean seasmhachd.<br><br>Cruthaich pìos ealain a tharraingeas aire dhaoine chun na trioblaid le plastaig, ann an stoidhle Bonnie Monteleone no rud gu tur diofraichte. |
| **Naidheachd mhath!** | TCH 2-06a<br>SCN 2-20a<br>SCN 2-20b<br>SOC 2-08a<br>SOC 2-15a<br>TCH 2-05a<br>(TCH 2-02a) | Sùil air na ceumannan a tha gnìomhachasan, riaghaltasan, sgoiltean agus daoine air a ghabhail<br>Gnìomhachas – Adidas, ikea<br>Riaghaltas – Alba, An RA, An Ròimh, Ceinia<br>Daoine – Boyan Slat, Amy & Ella Meek, Skye Neville<br>Sgoil – Bun-sgoil Sunnyside | Dèan rannsachadh agus lorg eisimpleir de chuideigin no buidheann eile a tha a' gabhail cheumannan gus rudeigin a dhèanamh mun trioblaid le plastaig. |